Gary Carroll

# A SGRUDAIR.

LEABH I. Ianuaraidh 1894. AIR 1.

Tha SGRUDAIR a' cur failte air Gaidheil thall 's a bhos, shios 's shuas air feadh Chanada : Bidh e air fhaighneachd gu nadurrach "c'ait as a thainig thu agus gu de aobhar do thaghail"?

Ann an rathad freagradh do na ceis-dean sin feudar a radh gur h-e run a SGRUDAIR bhi taghall uair sa mhios ma se sin toil nan cairdean, agus gu 'n toir iad dibheath chridheil dha.

Tha e air a mheas le beagan de chair-dean na Gailig ann an Gleannagarraidh gu 'm biodh e ro-iomchuidh oidhirp a dheanamh air son a Ghailig a chumail beo Mar a bi muinntir a leughadh Gailig 's tric bidh iad cunnartach air fas meirg-each ann an litreachas na Gailig.

'S e run a SGRUDAIR an call so a dheanamh suas do 'n mhuinntir sin aig am beil tlachd ann an Gailig ghlan.

Thuilleadh air a so tha e air a mheas iomchuidh gu 'm biodh na comhthionalan Gaidhealach ann an Canada a' faighinn barrachd eolais air a cheile.

Mar a tha 'n gnothuich 's e gle bheag eolais a tha aig Gaidheil Cheap Bretuinn Eilean, P.E. Chuebec, Ontario agus an aird an iar air a cheile. 'S e run a SGRUDAIR oidhirp a dheanamh air a ghnoth-uich-sa ath-leasachadh.

'Chum na criche so bidh Fear-iom-raidh aige anns gach cearnaidh chum bhi toirt sgeul dhuinn air gach cuis a bhuin-eas do leas na h-eaglais.

A bharr air a sin uile is e run a SGRU-DAIR beatha spioradail a neartachadh ann an anama a luchd-muinntir le bhi o am gu am ag cur fa an comhair biadh ag-us deoch a saoibhreas do-rannsuichte Chriosd.

Anns an daimh-sa feudar a radh gu m bi anns gach aireamh :-

1. Searmon- aonchuid air a sgriobh-adh gu sonruichte air son a SGRUDAIR airneo air eadartheangachadh air a shon.

2. Sgeul air craobh-sgaoileadh an t-soisgeul.

3. Naidheachd air na h-eaglaisean, gu sonruichte na h-eaglaisean Gaidhealach air gach taobh de an chuan.

4. Connspoid chairdeal, agus mar sin oideachail, air puinncean diadhachd le Diadhairean ainmeil, airneo le aon sam bith cho fad is a bhios e cleachdadh briatharan beusail agus cuimseach.

5. Cho tric is a ghabhas deanamh bidh cuishrionn de an Fhirinn air a laimh-seachadh le aon de na braithrean ann an rathad cnuasachd.

6. Bidh a luchd-deasachaidh ag toirt am barail anns gach aireamh air ceis-dean a latha.

7. Bidh cuideachd cunntas goirid air a thabhairt air ughdaran maith anns gach aireamh.

Bidh air a chuid is lugha fichead taobh-duilleig anns a h-uile h-aireamh. Anns an aireamh-sa tha roimh-bhlas